

Comataidh Inbhean MG ALBA

Radisson Blu, Dùn Èideann

Diciadain 25 Samhain 2015, 1400-1600

Bòrd: Jo NicDhòmhnaill (sa Chathair) Magaidh Choineagan
Catriona Nic a' Phì

Luchd-obrach: Chris Dòmhnallach (Stiùiriche Obrachaidh)

Mairead Chamshron (Deasaiche Seanail)

Màiri Anna NicAonghais (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

An làthair: Mairead Màiri Mhoireach (Ceannard Seirbheis, BBC ALBA)

Mairead Fhearghasdan/Stuart Martin (BBC Scotland) – an làthair airson puingean 6 & 7.

Chaidh meal-a-naidheachd a chuir air Magaidh Choineagan, 's i na seanmhair airson a' chiad uair.

1. Leisgeulan

Buill: Alasdair MacCaluim; Iain Stephen Moireasdan

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul (Àrd-Oifigear); Alan Esslemont (Ceannard Phrògraman)

2. Gnothach Dearbhte

Jo NicDhòmhnaill – ag obair air prògraman telebhisein “Sealgairean Spòrsail” agus “Bàrdachd a' Chogaidh Mhòir” (working title) a tha riochdaichte agus maoinichte leis a' BhBC.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 25/8/15

Aontaichte.

4. **Gnothaichean ag èirigh**

Seirbheisean ruigsinneachd

Chaidh a chomharrachadh gun deach an t- uallach a chaidh a chur air BBC ALBA le Ofcom a thogail.

Fo-thiotalan

Chaidh innse gun deach beachdachadh air a' chuspair aig Bòrd na Co-bhanntachd air 30/10/15. Chaidh gabhail ris a' chomhairle bhon BhBC agus MG ALBA, a thuilleadh air comhairle bho eòlaichean, nach robh e comasach fo-thiotalan a thabhann agus gu feumar an cumail fosgailte.

Chaidh innse gum biodh còmhraidh aig coinneamh a' Bhùird air 26/11/15 ach gu robhas am beachd foillseachadh ar co-dhùnadh mu fo-thiotalan, leis na leanas sa phlana:

- blog a sgaoileadh;
- - a' chomhairle teicnigeach air a bheil an cò-dhùnadh stèidhichte fhoillseachadh air ar làrach-lìn;
- a' chomhairle teicnigeach sin a chuir gu luchd-iomairt Craoladh Gàidhlig. (Gnìomh: IMT)

Rannsachadh mu bhuaidh BBC ALBA

Tha MG ALBA air aontachadh rannsachadh a dhèanamh còmhla ri Bòrd na Gàidhlig air buaidh na meadhanan Gàidhlig air ionnsachadh. [GLÈIDHTE: còmhraidh mu aon dreachd tagradh treas-pàirteach a dh'fhaodadh amasan MG ALBA a choileanadh ach nach eil iomchaidh ainmeachadh air adhbharan dìomhaireachd.] (Gnìomh: IMT)

5. **Lèirmheas air adhartas sa Ghnè: Clann & Òigridh**

An dèidh coimhead ann an doimhneachd air a' ghnè seo san t-Samhain 2013 nuair a rinn TG4 agus an Dtr. Graffman taisbeanaidhean, rinn Ceannard Seirbheis BBC ALBA taisbeanadh air mar a tha clàr agus prògraman BBC ALBA an-dràsta airson clann agus òigridh, dè tha san

amharc agus dè na prìomhachasan a bha air cùl co-dhùnaidhean. Am measg nam prìomh phuingeannan còmhraidh, bha:

- Gu bheil e cudromach togail air na rudan a tha am BBC a' dèanamh mu thràth agus obrachadh còmhla riutha
- Gu bheil e cudromach a bhith a-staigh air leithid Google ann an Gàidhlig gus am faigh clann a' Ghàidhlig aca a chuir an sàs san dòigh seo
- A thaobh a' mholaidh a bha san taisbeanadh Neach-leasachaidh airson goireasan chloinne a chuir an sàs air cùmhnannt 6 mìosan airson obrachadh eadar BBC ALBA, am BBC agus riochdairean bha a' Chomataidh taiceil, ann am prionnsabal, leis a' bheachd, ach às aonais fios mu mhaoineachadh a' BhBC, dh'fhaodadh e bhith duilich seo a thoirt air adhart. Thèid plana nas mionaidiche a dhèanamh airson na h-ath choinneamh ach ma thèid e air adhart, tha e cudromach gur e sàr eòlaiche air leithid Apps a bhios ann, a thuilleadh air comasan Gàidhlig. (Gnìomh: MMM)

Bha pàipear air beulaibh bhall le na prìomhachasan airson 2017-2022. Chaidh seo a chomharrachadh ach às aonais fios mu mhaoineachadh bhon Riaghaltas agus bhon BhBC, chan urrainnear co-dhùnaidhean a dhèanamh.

Thug an Cathraiche taing airson an taisbeanadh.

6. Aithisg air Dèanadas BBC ALBA

Rinn sgioba BBC Scotland taisbeanadh air rannsachadh Pulse. San fharsaingeachd bha mothachadh àrd agus san fharsaingeachd bha na figearan làidir. Chaidh taing a thoirt dhaibh airson an taisbeanadh.

7. Luach agus èifeachdas oidhirpean sanasachd

Rinn sgioba BBC Scotland taisbeanadh. Thàinig na puingeannan a leanas às a' chòmhradh:

- Gu bheil an doras fosgailte gus barrachd obair a dhèanamh còmhla
- Cho cudromach 's a tha sanasachd didseatach

- Gu bheil e cudromach a bhith a’ dol an sàs le luchd-amhairc sònraichte (focussed marketing) le “clips” air nam meadhanan sòisealta
- Gu bheil e cudromach gu bheil leithid [GLÈIDHTE: ainm companaidh] ag amas air prògraman ciùil [BBC ALBA] a thoirt gu aire prògraman ciùil [sheanailean no stèiseanan eile], leithid Ricki Ross air Radio Scotland
- San fharsaingeachd, gur e susbaint nam prògraman a tha cudromach seach “brand”.
- Tha BBC Scotland a’ meòrachadh clàr-iùil (menu template) ùr a chruthachadh airson sanasachd air sgrion (cross trailing) airson BBC ALBA agus bidh an Ceannard Seirbheis a’ coinneachadh ris a’ BhBC airson bruidhinn air seo.

Dh’iarr Buill gum biodh Marketing Impact Report air a chuirteachadh gach mìos, ag innse mar a tha sanas naidheachdan gan togail le na meadhanan. (Gnìomh: MAMI)

8. Pàipearan fiosrachaidh

Fo-thiotalan – “S4C Looking to the Future (6 November 2015)”

Chaidh seo a chomharrachadh.

9. GISBE

Bann-leathann

Chaidh a’ cheist a thaobh an t-seirbheis thruagh a bha sna h-eileanan agus air a’ Ghàidhealtachd a thogail a-rithist, agus am bacadh a bha seo a’ cur air daoine. Chaidh innse gu bheileas an-sàs sa cheist le Ofcom ach gu bheil feum air iomairt às ùr. ‘S docha gum biodh cothrom ann là foillseachaidh Lèirsinn a chleachdadh gus seo a thogail aig a’ Phàrlamaid. (Gnìomh: IMT)